

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Teine Mòr (6)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 830. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 526 corresponds to Litir 830.

Tha mi a’ dol a chur crìoch air an stòiridh – ‘An Gobha agus an Droch Fhear’ – a tha a’ mìneachadh mar a thàinig an Teine Mòr, no Teine Sionnachain, gu bith.

‘Tha iad ag ràdh,’ thuirt an gobha ris an Droch Fhear, ‘gun tèid agadsa air thu fhèin a chur ann an riochd sam bith a thogras tu.’

‘Tha sin fìor,’ ars an Droch Fhear.

‘Cha chreid mi e gus am faic mi e,’ thuirt an gobha. ‘Mas urrainn dhut, cuir thu fhèin ann an riochd bonn airgid.’

Sa mhionaid, chuir an Droch Fhear e fhèin ann an riochd bonn airgid. Thog an gobha am bonn. Sparr e gu teann cruaidh na sporan e. B’ e an treas iarrtas aige air an t-seann duine liath nach fhaigheadh bonn a-mach às an sporan aige ach a-mhàin nan togadh a làmh fhèin e. Bha an Droch Fhear a-nise an sàs aige. Bha e a’ sgreadail ’s a’ sgreuchail mar gur e muc a bh’ ann. Ach cha d’ fhuair e a-mach às an sporan.

Ach dè bha an gobha a’ dol a dhèanamh leis an Droch Fhear? Chuir e roimhe an sporan a phronnadh leis na h-ùird air an innean. Dh’iarr e air dithis ghillean làidir a b’ aithne dha am pronnadh a dhèanamh. Thilg iad an sporan pronn don teine, agus dh’fhalbh an Droch Fhear na shradagan a-mach air an luidhear.

Ach, le bàs an Droch Fhir, thòisich cùisean air a dhol an aghaidh a’ ghobha. Bha an sprèidh aige a’ faighinn bàs. Ged a rinn e curachd as t-earrach, cha robh toradh a b’ fhiach anns a’ bhàrr aige as t-fhoghar. Bha e air òr is airgead a chur ma seach ann an cisteachan is sluic. Ach, nuair a dh’fhosgail e na cisteachan ’s na sluic, cha robh annta ach buachar eich!

Chaidh cùisean an aghaidh a theaghlach cuideachd. Bha a’ chlann gu lèir leisg agus làn droch bheusan. Nuair a dh’eug a bhean, bhiodh an gobha a’ falbh o dhoras gu doras na chrìpleach truagh, ag iarraidh na dèirce.

Mar bu shine ’s mar bu truaighe a bha e a’ fàs, ’s ann a bu mhiosa a bha a nàdar a’ dol. Cha robh beannachd Dhè no dhaoine air a cheann. On a bha e gun charaid, is gann a bha duine ann a bheireadh faspadh na h-oidhche dha. Mu dheireadh, fhuaradh a chorp marbh ann an seann tobhta. Cha chuireadh na daoine ann an cladh e. Thilg iad a chorp ann an sloch faisg air bruaich na h-aibhne.

Nuair a dh’fhàg e an saoghal, chaidh e gu dìreach a dh’ionnsaigh an droch àite. Nuair a ràinig e an doras, cò choinnich e ach a sheann charaid.

‘Thàinig thu mu dheireadh,’ ars an Droch Fhear, ‘ach cha ghabh mise a-steach thu. Tha mi a’ fadadh teine **nach mùchar a-chaoidh** nad bhroilleach. Tha mi ag òrdachadh dhut a bhith ag imeachd sìos is suas air an talamh gu latha a’

bhreitheanais. Cha bhi fois oidhche no tàmh latha agad. **Bidh thu nad chulaidh-ghràin dhut fhèin** agus nad chulaidh-eagail do gach creutair beò a chì thu.

'S ann mar sin a thàinig an Teine Mòr gu bith. Ma chì sibh e, cuimhnichibh air eachdraidh a' ghobha agus mar a dh'fhuiling e a chionn 's gun do rinn e bargan leis an Droch Fhear.

* * * * *

Faclan na Litreach: Teine Mòr, Teine Sionnachain: *will-o-the-wisp*; sprèidh: *livestock*; dh'eug: *died*; beannachd: *blessing*; cladh: *cemetery*.

Abairtean na Litreach: gun tèid agadsa air thu fhèin a chur ann an riochd sam bith a thogras tu: *that you can disguise yourself as anything you want*; cha chreid mi e gus am faic mi e: *I won't believe it until I see it*; ann an riochd bonn airgid: *in the form of a coin*; sparr e gu teann cruaidh na sporan e: *he thrust it with vigour into his purse*; ach a-mhàin nan togadh a làmh fhèin e: *unless his own hand picked it up*; a' sgreadail 's a' sgreuchail: *screaming and screeching*; chuir e roimhe an sporan a phronnadh leis na h-ùird: *he decided to pulverise the purse with the hammers*; dh'iarr e air dithis ghillean làidir a b' aithne dha am pronnadh a dhèanamh: *he asked two strong lads he knew to do the pulverising*; na shradagan a-mach air an luidhear: *as sparks up the flue*; curachd as t-earrach: *planting in the spring*; cha robh toradh a b' fhiach anns a' bhàrr aige as t-fhoghar: *his crops in autumn weren't worth a bean*; na cisteachan 's na sluic: *the kists and pits*; cha robh annta ach buachar eich: *there was nothing in them but horse dung*; làn droch bheusan: *full of bad character*; na chripleach truagh: *as a poor cripple*; ag iarraidh na dèirce: *seeking alms*; fhuaradh a chorp ann an seann tobhta: *his body was found in an old ruined building*; a dh'ionnsaigh an droch àite: *to the bad place*; cha ghabh mise a-steach thu: *I won't let you in*; ag imeachd sìos is suas air an talamh gu latha a' bhreitheanais: *going back and forth on the land till judgement day*; cha bhi fois oidhche no tàmh latha agad: *you will have no peace night or day*; mar a dh'fhuiling e a chionn 's gun do rinn e bargan leis an Droch Fhear: *how he suffered because he made a pact with the Devil*.

Puing-chànain na Litreach: Tha mi a' fadadh teine **nach mùchar a-chaidh** nad bhroilleach: *I'm kindling a fire that will never be extinguished in your chest*. Mùchar is the future passive form of mùch, mùchadh 'extinguish'. Cha mhùchar an gaol a th' agam ort 'the love I have for you will never be stifled'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Bidh thu nad chulaidh-ghràin dhut fhèin** agus nad chulaidh-eagail do gach creutair beò a chì thu: ***you'll be an object of hatred for yourself and an object of fear for every living creature that sees you.***

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA